
Measadh Farpais BBC Scotland

Barail deireannach Ofcom

Aithris

Ceann-latha Foillseachaidh: 26 Ògmhios 2018

1. Geàrr-chunntas

- 1.1 Tha Ofcom airson faicinn gum bi luchd-amhairc ann an Alba air an deagh fhrithealadh, leis a' BhBC agus leis an earrann craolaidh air fad. Tha grunnan sheirbheisean telebhisein air an solair ann an Alba aig an àm a tha an làthair leis a' BhBC, STV agus Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig, MG ALBA. An-uiridh, dh'ainmich am BBC gun robh seanail telebhisean ùr gu bhith air a cur air chois airson Alba, a bhiodh air a cur air bhog sa Gherran 2019.
- 1.2 Gus farpais chothromach agus èifeachdach a dhìon, feumaidh Ofcom sgrùdadh a dhèanamh air atharrachaidhean mòra a tha am BBC airson a dhèanamh a thaobh a sheirbheisean TBH, rèidio agus seirbheisean poblach air-loidhne mus urrainn atharrachaidhean mar seo a dhol air adhart. An dèidh foillseachadh Deuchainn Ùidh Phoblach a' BhBC (PIT) san t-Samhain 2017, thòisich Ofcom air a mheasadh air farpais a' BhBC (BCA) a thaobh na seanail ùir. Mar phàirt den seo, choimisean Ofcom rannsachadh chustamairean, ghabh iad os làimh anailis eaconamach agus chaidh iad an sàs gu mòr le luchd-ùidh. Air 20 Giblean 2018, dh'fhoillsich sinn co-chomhairleachadh mu ar co-dhùnadh sealach. Dhùin an co-chomhairleachadh seo air 18 Cèitean 2018. Tha sinn a' foillseachadh ar co-dhùnadh deireannach an-diugh.
- 1.3 Tha BCA a' gabhail a-steach lèirmheas air an luach poblach a tha am BBC air a ràdh a libhrigeas am moladh agus measadh air buaidh a' mholaidh air farpais chothromach agus èifeachdach. Bidh Ofcom an uair sin a' measadh am bi luach poblach a' mholaidh a' fireanachadh droch bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aige air farpais chothromach agus èifeachdach.
- 1.4 Tha Ofcom ag aontachadh ris a' BhBC gun leudaicheadh an seanail a thathar a' moladh nan roghainnean a bhiodh ann do luchd-amhairc ann an Alba, gun toireadh an seanail fòcas na b' fheàrr mu Alba a thaobh nan naidheachdan agus gun libhrigeadh i barrachd susbaint mu bheatha dhaoine ann an Alba. Bha an luchd-ùidh san fharsaingeachd ag aontachadh gum biodh builean seaghach aig moladh a' BhBC do dh'Alba agus luchd-amhairc ann an Alba. Tha cuid de luchd-ùidh a' ceasnachadh am biodh am buidseat a tha air a chur fa chomhair na seanail mòr gu leòr airson leigeil leis a' BhBC a phlanaichean a libhrigeadh agus thathar air iarraidh tuilleadh maoineachaidh no fòcas eadar-dhealaichte airson na seanail. Ged nach eil làn fhiosrachadh ri fhaotainn fhathast mu chlàr-ama na seanail, tha sinn làn riarachaidh gun libhrig am moladh mar a tha e an-dràsta, luach poblach. Is e cùis do Bhòrd a' BhBC a tha ann an co-dhùnaidhean ro-innleachdail agus maoineachail a' BhBC.
- 1.5 Thathar a' sùileachadh gum bi buaidh aig an t-seanail ùir air na bhios ag amharc seanailean craolaidh eile. Ach, chan eil sinn dhan bheachd gum biodh an t-seanail a thathar a' moladh a' toirt buaidh mhòr no chronail air craoladairean a thaobh iad a bhith air am brosnachadh gus a bhith ùr-ghnàthach no a bhith a' dol an sàs ann an susbaint ùr airson Alba. A thuilleadh air seo, chan eil sinn dhan bheachd gun lean moladh a' BhBC air adhart gu atharrachadh susbainteach na thairgse air-loidhne, agus tha sinn dhan bheachd, san riochd sa bheil e an-dràsta, nach eil e coltach gum biodh droch bhuaidh mhòr sam bith aig moladh

a' BhBC air solair naidheachd ann an clò no air-loidhne. Mu dheireadh, de na 80 neach-naidheachd ùr a tha am BBC am beachd fhastadh, bidh leth dhiubh an sàs ann a bhith a' cruinneachadh naidheachdan, agus chan eil sinn dhan bheachd gum bi seo na chunnart do chomas phàipearan-naidheachd Albannach a bhith a' tàladh no a' gleidheadh luchd-naidheachd.

- 1.6 Tha e do-sheachanta nach bi buaidh aig gnìomhan a' BhBC air farpais agus chan e dleastanas Ofcom a bhith a' dubhadh às buaidhean farpais air fad – is ann a dh'fheumas sinne dèanamh cinnteach gu bheil buaidh àicheil sam bith air fhìreanachadh leis an luach phoblach a thathar a' tabhann. Mar a chaidh ainmeachadh ron seo, tha sinn dhan bheachd gum bi buaidh a' choreigin aig an t-seanail ùir air a' mhargaidh, gu sònraichte air na seanailean craolaidh eile ann an Alba. Ach, is e a' bheachd a tha againn gum biodh droch bhuidh sam bith air farpais chothromach is èifeachdach air fhìreanachadh leis an luach phoblach a dheigheadh a libhrigeadh leis a' mholadh. Airson an adhbhair sin, thathar a' toirt cead dhan BhBC a dhol air adhart leis an t-seirbheis mar a chaidh ainmeachadh.
- 1.7 Tha am measadh againn air luach phoblach agus a' bhuidh air a' mhargaidh a rèir a' mholaidh a chaidh a chuir thugainn. Feumaidh Bòrd a' BhBC sùil a chumail air am bi am moladh air a chur an cèill a rèir is mar a bha e air a chuir sìos san deuchainn ùidh phoblach agus feumar beachdachadh gu mionaideach air buaidhean nas fharsainghe air seirbheisean eile a' BhBC agus treas phàrtaidhean a thaobh leudachadh sam bith eile ris a' mholadh, mar eisimpleir a thaobh gnìomhan air-loidhne a' BhBC. Nan dèanadh am BBC atharrachaidhean susbainteach air an t-seirbheis aige, dh'fheumadh am BBC Deuchainn Ùidh Phoblach eile a choileanadh. A thuilleadh air sin, glacaidh prògram measaidh a' BhBC aig Ofcom gnìomhan a' BhBC ann an Alba. Ma dh'atharraicheas tabhartas a' BhBC gu susbainteach, beachdaichidh sinn a bheil feum air tuilleadh measadh a thaobh farpais.
- 1.8 Mu dheireadh, b' e seo a' chiad BCA a rinn Ofcom on chaidh ar suidheachadh mar riaghlaidhe on taobh a-muigh airson a' BhBC sa Ghiblean 2017. San fharsaingeachd, tha dol an sàs a' BhBC le Ofcom air a bhith fosgailte agus tha am pròiseas PIT air obrachadh gu math. Ach, tha sinn dhan bheachd, ann an cuid de chùisean, gum feum pròiseasan a' BhBC atharrachadh agus fàs nas soilleir gus dèanamh cinnteach gum bi dol an sàs cuideachail ann le treas phàrtaidhean.